

Foirm Tagraidh 2026

Fàilte dhan Mhaoin Ealain is Cultair Traidiseanta!

Tha Maoin Ealain agus Cultair Traidiseanta na maoin a tha air a tiomnadh bho Alba Chruthachail, air a stiùireadh le TRACS (Traditional Arts and Culture Scotland - Ealain agus Cultair Traidiseanta na h-Alba agus tha i fosgailte do dhaoine fa leth agus do bhuidhnean.

Tha a' mhaoin air a dealbhadh gus taic a thoirt do luchd-ealain agus luchd-ciùird traidiseanta agus do bhuidhnean, airson a bhith a' cruthachadh, a' cluich agus a dhol air cuairt agus gus obair a thaisbeanadh.

Tha sinn a' sireadh thagraidhean bho bhuidhnean agus daoine fa leth a tha ion-roghnach gus cur a-steach airson eadar £250.00 (an t-sùim as ìsle) agus £1200.00 (an t-sùim as àirde). Is e an ceann-latha gus an tagradh agad a chur a-steach meadhan oidhche air Dimàirt 01 Sultain 2026.

Dèan cinnteach gun leugh thu an [Slatan-tomhais agus Stiùiridhean TACF](#) airson tagraichean mus lìon thu am foirm tagraidh seo.

Ma tha feum agad air cuideachadh sam bith no ma tha riatanasan sònraichte agad, cuir fios thugainn air TACF@tracscotland.org.

Earrann 1: Mu do dheidhinn

Innis dhuinn cò thu agus ciamar as urrainn dhuinn fios a chur thugad.

Ainm

Ainm

Sloinneadh

Ainm an neach no na buidhne, ma tha thu a' dèanamh iarrtas às leth buidhne.

Àireamh-fòn

Còd-sgìre

Àireamh-fòn

Seòladh puist-d

Seòladh puist

eisimpleir@eisimpleir.com

Seòladh 1

Seòladh 2

Baile

Siorrachd

Còd-puist

Dè seòrsa proifeiseantach a th' annad?

Neach-ealain / neach-ceàirde (nad aonar)

Neach-ealain (còmhlan)

Buidheann (a' gabhail a-steach luchd-adhartachaidh)

Other

A bheil feum agad air cruthan conaltraidh eile?

Innis dhuinn dè tha a dhìth ort gu h-àrd.

Earrann 2: Mun Phròiseact

Dè am prìomh chruth ealain thraidiseanta ann an Alba, dha bheil an tagradh agad a' toirt taic?

Ceàird Thraidiseanta

Ceòl Traidiseanta

Dannsa Traidiseanta

Seanachas Traidiseanta

Ma tha an tagradh agad a' toirt taic do cruthan ealain traidiseanta eile, innis dhuinn gu h-ìosal.

Ceàird Thraidiseanta

Ceòl Traidiseanta

Dannsa Traidiseanta

Seanachas Traidiseanta

A bheil an tagradh agad a' gabhail a-steach cleachdadh gnìomhach de ghin de chànanan

nàiseanta no ionadail na h-Alba?

Gàidhlig

Scots

BSL

Cànanan Luchd-siubhail

Other

Dè an ceann-latha tòiseachaidh aig do phròiseact?

Day Month Year

Dè an ceann-latha crìochnachaidh ris a bheil thu an dùil?

Day Month Year

Sgrìobh geàrr-chunntas air a' phròiseact dha bheil thu a' sireadh maoineachadh.

Suas ri 20 facal a thèid a chleachdadh nuair a thèid tabhartas sam bith a bheirear dhut fhoillseachadh.

Thoir seachad eachdraidh-beatha ghoirid air do chleachdadh ealain roimhe/aig an àm seo agus/no thoir seachad geàrr-chunntas air obair na buidhne

Suas ri 250 facal

Earrann 3: Barrachd mun Phròiseact agad

Thoir seachad barrachd fiosrachaidh mun phròiseact dha bheil thu ag iarraidh taic, a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh a tha air a mhìneachadh gu h-ìosal fon dà cheann-sgrìobhaidh eadar-dhealaichte (Càileachd/Feum air a' phròiseict, agus Libhrigeadh a' Phròiseict), agus fiosrachadh sam bith eile a tha thu den bheachd a neartaicheadh do tagraidh.

1. Càileachd / feum air a' Phròiseict:

- Carson a tha thu airson a bhith an sàs sa phròiseact/obair
- Cò a bhios an sàs anns a' phròiseact/obair agus/no a gheibh buannachd às?
- Càite an tèid am pròiseact/obair a thoirt seachad agus cuin.

Suas ri 350 facal

2. A' libhrigeadh nan toraidhean agus nam buannachdan a mhinich thu:

- Dè na toraidhean a tha thu ag iarraidh coileanadh tron phròiseact/obair?
- An cruthaich am pròiseact/obair dileab air choreigin?

Suas ri 350 facal

Ma tha sibh air tachartas sam bith a chur air dòigh airson a' phròiseict mhaoinichte, thoir cunntas air an seo.

Cuir a-steach cinn-latha, ionadan agus fiosrachadh sam bith eile a tha thu a' meas buntainneach.

Earrann 4: Seasmhachd Àrainneachdail

Ann an suas ri 150 facal, innis dhuinn mar a bhrosnaicheas am pròiseact agad deagh chleachdadh ann an seasmhachd àrainneachdail no mar a lùghdaicheas tu buaidh na h-obrach agad air an àrainneachd. Cha tèid freagairtean na ceiste seo a sgòradh ach feumaidh tagraichean sealltainn mar a tha iad air beachdachadh air dòighean-obrach seasmhach.

Thoir sùil air [Stiùireadh Àrainneachdail Alba Chruthachail](#) airson barrachd fiosrachaidh.

Earrann 5: A' Riaghladh Riosg

Thoir cunntas air suas ri trì riosgan a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air do chomas am pròiseact a thathar a' moladh a thoirt gu buil. Tha sinn ag iarraidh seo gus sealltainn gu bheil thu air beachdachadh air mar a ghabhas obair a dhèanamh gu sàbhailte agus a rèir deagh chleachdaidh.

Cuir na leanas ann airson gach riosg:

- Dè an riosg a tha thu air comharrachadh
- Ciamar a tha thu a' measadh an riosg? (Àrd, Meadhanach no Ìosal)
- Ciamar a thèid smachd a chumail air a' chunnart?
- Às dèidh dhut an smachd seo a chur an sàs, a bheil do mheasadh air cunnart air atharrachadh?

Thoir sùil air [Stiùireadh Alba Chruthachail air Riaghladh Riosg](#) mus lion thu an earrann gu h-ìosal.

Riosg	Measadh riosgan (Àrd, Meadhanach, Ìosal)	Ciamar a thèid smachd a chumail air an riosg	Measadh riosgan ath-sgrùdaichte
1			
2			
3			

Earrann 6: Do Phròiseact ann am Figearan

Earrann 7: Fiosrachadh ionmhasail

Cuir a-steach buidseat cothromaichte:

1. Feumaidh teachd-a-steach a bhith co-ionnan ri cosgaisean
2. Cuir a-steach fiosrachadh mun cho-mhaoineachadh gu lèir agad - a' gabhail a-steach na sùim a chaidh iarraidh bhon Mhaoin Ealain is Cultar Traidiseanta
3. Cuir a-steach fianais gu bheil thu gu bhith a' togail 10% den teachd-a-steach: thoir an aire gum faod seo a bhith a' gabhail a-steach cosgaisean neo-ionmhasail leithid tuarastalan, stuthan, ùine R&D is msaa a bharrachd air reic dìreach (bathar no thiogaidean).

Thoir sùil air an stiùireadh airson [eisimpleirean de bhuidseatan](#).

	CAITEACHAS	£	TEACHD-A-STEACH	£
Nì 1				
Nì 2				
Nì 3				

Nì 4

Nì 5

Nì 6

Nì 7

Nì 8

Nì 9

Nì 10

COSGAIS IOMLAN

Earrann 8: Fiosrachadh a bharrachd

Ma tha thu airson fiosrachadh taic a bharrachd a chur a-steach, dèan an seo e.

Earrann 10: Dearbhadh

Le bhith a' soidhnigeadh an tagraidh seo, tha thu ag aontachadh ris na leanas:

1. Às dèidh dhut [an stiùireadh](#) a leughadh, tha thu riaraichte:
 - gu bheil thu ion-roghnach air maoineachadh
 - gu bheil an t-iarrtas agad a rèir amasan Maoin Ealain is Cultar Traidiseanta
 - Tha thu air na [Teirmichean agus Cumhaichean](#) a leughadh agus tha thu ag aontachadh cumail riutha.
2. Ma dh'fheumar, dh'fhaodte gun cuir ball de TRACS, no comhairlichean às an leth, fios thugad airson barrachd fiosrachaidh gus do chuideachadh leis a' phròiseas co-dhùnaidh.
3. Ma shoirbhicheas leis an tagradh agad airson tabhartas, nì thu aithisg ghoirid air a' phròiseact a fhuair maoineachadh, leis an fhoirm iomchaidh, a bheirear dhuit. Dh'fhaodte gun nochd fiosrachadh agus cuòtaichean bhon fhios-air-ais seo ann am foillseachaidhean TRACS agus Alba Chruthachail no faodar an cleachdadh ann an sgrùdadh cùise air-loidhne.
4. Ma shoirbhicheas leis an iarrtas agad airson tabhartas, aithnichidh tu an taic bho Mhaoin Ealain is Cultar Traidiseanta anns a h-uile rud ann an clò, ann an stuthan air fhoillseachadh, aithisg bhliadhnail, fiosan naidheachd agus stuthan eile co-cheangailte ris mar a bhios iomchaidh. Cuir post-d thugainn aig marketing@tracscotland gus suaicheantasan iarraidh agus gus stiùireadh fhaighinn mu bhith gan cleachdadh.
5. Tha am fiosrachadh a tha air a thoirt seachad san tagradh ceart cho fad 's as aithne dhut agus cuiridh tu fios gu TRACS (agus thèid aonta a ruigsinn) mu atharrachadh sam bith air a' mholadh agad airson pròiseict.

Tha thu a' toirt cead gum faod TRACS am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad a chumail agus a chleachdadh gus leigeil leotha dleastanas laghail no cùmhnantail sam bith a choileanadh, a rèir [Poileasaidh Dion Dàta](#) na buidhne.

7. Tha uallach air an tagraiche airson dleastanasan àrachais sam bith a dh'fhaodadh èirigh bho na gnìomhan a gheibh maoin eachadh. Thathar a' moladh gum dèan thu cinnteach gu bi àrachas iomchaidh an sàs agus tha thu ag aontachadh nach fhàg thu uallach air TRACS agus Alba Chruthachail fo thagradh sam bith a thig bho na gnìomhan agad.
8. Feumar pàigheadh sam bith a chaidh a dhèanamh a thoirt air ais anns na suidheachaidhean a leanas:
 - A. nach tèid am pròiseact air adhart taobh a-staigh 6 mìosan bhon cheann-latha tòiseachaidh thùsail a chaidh a chuairt air adhart
 - B. nach tèid na maoin a chleachdadh mar a chaidh a mhìneachadh no
 - C. mura tèid aithisg a chur a-steach taobh a-staigh na h-ùine a chaidh a chomharrachadh nuair a fhuair thu an duais agad.